

## CAITLIN MCNEILL – ÒRAN 4

### Òran na Maidne

Cha robh mi cinnteach an d' rachadh agam air òran a sgrìobhadh ann an Gàidhlig leam fhìn, ach bhrosnaich Norrie MacIomhair mi gus oidhirp a dhèanamh. Chùm sinn gnothaichean simplidh, agus bha mi air mo dhòigh glan leis mar a thàinig seo gu chèile!

### Morning Song

I wasn't at all sure I would be capable of writing a whole song in Gaelic on my own, but Norrie MacIver really encouraged me to give it a go. We kept things simple, and I was really pleased with the way the song turned out!

Dh'èirich mi sa mhadainn, chuala mi na h-eòin  
Is còmhla ri gach òran, tha mo ghaol a' fàs  
O 'ille tha 'm Port Rìgh, thig, nach seinn thu leam?  
Is inns' dhomh an sgeul mu gach là a bh' againn le chèil'

*Thig is seinn, a rùin, o horo hu eile  
Seinnidh sinn gach madainn, o horo hug o*

Nach eil an là seo breagha, is sinne air an tràigh  
No eadar reul is machair, mar bha sinn uair is uair  
Nam chadal bidh sinn còmhla, an-dràst' chan eil thu ann  
Chan fhaigh mi cadal sàmhach gun an tig thu leis na h-eòin

*Thig is seinn, a rùin, o horo hu eile  
Seinnidh sinn gach madainn, o horo hug o*